

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.maclea@bbc.co.uk. This is Litir 549. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 245 corresponds to Litir 549.

'S e am Bràigh Mòr am baile as fhaisge air a' bheinn as àirde ann an Gallaibh – a' Mhòr-bheinn. Aig 706 meatair os cionn na mara, chan eil a' bheinn cho àrd sin. Ach tha cumadh brèagha oirre. Co-dhiù, 's e baile croitearachd a bh' anns a' Bhràigh Mhòr, anns an robh sluagh rudeigin mòr a' fuireach anns an t-seann aimsir. Agus bhiodh na daoine ag innse sgeulachdan do chèile, mar a bhitheadh air feadh na Gàidhealtachd. Tha mi airson tè dhiubh innse dhuibh an-dràsta – **Bodach Dubh na Mòr-bheinne**.

O chionn fhada nochd coigreach, le falt dubh, anns an sgìre. Bha droch bhliadhna air a bhith ann. Cha do dh'fhàs am bàrr gu math. Cha robh mòran bìdh aig na daoine. Agus chaidh an coigreach bho dhoras gu doras, a' sireadh biadh. Ge-tà, cha do rinn e obair sam bith airson a chuid bìdh. Chùm muinntir a' Bhràigh Mhòr coinneamh agus cho-dhùin iad nach robh iad a' dol a thoirt biadh don choigreach tuilleadh.

An ath latha, chaidh an srainnsear gu taigh agus dh'iarr e biadh. Chaidh a dhiùltadh. Dh'fhalbh e don ath thaigh agus dh'iarr e biadh. Chaidh a dhiùltadh a-rithist. Thachair sin anns a h-uile taigh. Dh'fhàs an coigreach feargach. Bha aon mhuileann anns an sgìre. Chaidh an coigreach – a bha gu math làidir – don mhuileann. Thog e a' chlach uachdarach, chuir e air a ghualainn i, agus choisich e air falbh a **dh'ionnsaigh na Mòr-bheinne**. Às aonais na cloiche, chan obraicheadh am muileann. Agus chan fhaigheadh muinntir an àite min-choirce.

Chan fhacas an coigreach a-rithist ach thòisich crodh is caoraich a bhith a' dol à fianais. Chùm muinntir an àite faire. Airson beagan làithean chan fhaca iad dad. An uair sin chunnaic iad an coigreach. Bha e air fàs mòr mòr. 'S e famhair a bh' ann. Bha bogha is saighdean aige. Loisg e an damh as fheàrr sa mhonadh le saighead. Chuir e an damh air a ghualainn agus chaidh e dh'ionnsaigh na Mòr-bheinne. Dh'fhalbh na fir às a dhèidh ach thàinig ceò tiugh a-nuas orra agus chaidh am Bodach Dubh à sealladh.

Mar a chaidh an ùine seachad, bha muinntir an àite a' call rudan prìseil bho na taighean aca. Chan fhaca duine am mèirleach. Ach bha iad deimhinne gur e am Bodach Dubh a bu choireach. Chunnaic iad grunn tursan e ach, gach turas a rachadh iad an tòir air, bhiodh e a' ruith a dh'ionnsaigh na Mòr-bheinne agus thigeadh an ceò a-nuas orra.

Chuala na daoine mu bhoireannach ann an Cataibh aig an robh bràthair a bha a' fuireach air a' Mhòr-bheinn. Lorg iad am boireannach. Dh'aidich i gum b' i piuthar a' Bhodaich Dhuibh. Dh'inns i dhaibh mar a bhriseadh iad cumhachd a' Bhodaich air a' cheò air a' Mhòr-bheinn. Bha aon latha sa bhliadhna nuair nach robh an cumhachd sin aige. B' e sin an seachdamh latha dhen t-seachdamh mìos.

Air an t-siathamh latha dhen Iuchar, chruinnich na fir faisg air a' Mhòr-bheinn. An ath mhadainn, air an t-seachdamh latha, nochd am Bodach Dubh. Bha e ag iomain crodh. Leum na fir a-mach. Dh'fhalbh am Bodach aig peilear a bheatha a dh'ionnsaigh na Mòr-bheinne. Dh'èigh e faclan neònach ann an Gàidhlig, **feuch** an ceò a thoirt a-nuas air a' bheinn. Ach cha tàinig an ceò an turas seo. Agus chunnaic na daoine am Bodach, agus e a' dol à sealladh tro fhosgladh air cliathaich na beinne. Agus dè thachair an uair sin? A uill, gheibh sibh sin a-mach an ath-sheachdain!

* * * * *

Faclan na Litreach: Am Bràigh Mòr: *Braemore*; croitearachd: *crofting*; coigreach, srainnsear: *stranger*; bàrr: *crops*; feargach: *angry*; muileann: *mill*; min-choirce: *oatmeal*; chan fhacas: *wasn't seen*; famhair: *giant*; Cataibh: *Sutherland*; seachdamh: *seventh*; ag iomain: *driving (cattle)*; chruinnich: *gathered*.

Abairtean na Litreach: tha cumadh brèagha oirre: *it has a beautiful shape*; sluagh rudeigin mòr: *a fairly large population*; mòran bìdh: *much food*; a' sireadh biadh: *looking for food*; airson a chuid bìdh: *for his food*; chaidh a dhiùltadh: *he was refused*; a' chlach uachdarach: *the upper stone [of the mill]*; às aonais na cloiche: *without the stone*; chan obraicheadh am muileann: *the mill would not work*; bogha is saighdean: *a bow and arrows*; an damh as fheàrr sa mhonadh: *the best bullock on the hill*; thàinig ceò tiugh a-nuas orra: *a thick mist descended upon them*; a' call rudan prìseil: *losing valuable things*; gach turas a rachadh iad an tòir air: *every time they would go in pursuit of him*; dh'aidich i gum b' i piuthar a' Bhodaich Dhuibh: *she admitted she was the Bodach Dubh's sister*; an siathamh latha dhen Iuchar: *6th of July*; aig peilear a bheatha: *at great speed*; a' dol à sealladh: *going out of sight*; tro fhosgladh air cliathaich na beinne: *through an opening in the side of the mountain*.

Puing-chànain na Litreach: Bodach Dubh na Mòr-bheinne: *The Black Bodach of Morven (also called The Giant of Morven). In some old place names, and some which were modifications/translations from Old Norse, the adjective precedes the noun. A' Mhòr-bheinn is an example (and remember we tend to use the article in Gaelic even if it's not on the maps). You can deal with it just as you would with any compound noun. The basic noun of the compound is beinn so that is the word which will inflect with case. We'd say mullach na beinne so we say mullach na mòr-bheinne. We wouldn't lenite beinn in the genitive singular so we don't lenite mòr. But we do lenite beinn in the compound because of the influence of the preceding adjective. Similarly we'd say mullach na corra-bheinne (the summit of the steep hill). A dh'ionnsaigh na Mòr-bheinne works in the same way (a dh'ionnsaigh is a compound preposition and therefore takes the genitive).*

Gnathas-cainnt na Litreach: Dh'èigh e faclan neònach ann an Gàidhlig, **feuch** an ceò a thoirt a-nuas: *he shouted strange words in Gaelic, in an attempt to bring down the mist.*

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoinachadh le MG ALBA